



# Am poca guail



Wes Magee • Val Biro

# Am poca guail



An teacs a Wes Magee  
Dealbhan Val Biro  
A' Ghàidhlig Anna NicDhòmhnaill

STÒRLANN • ACAIR





Bha dà dhràgon bheag ann, Nesta agus Ned.  
Aon là sgèith iad air falbh a chluich  
anns an adhar.



“Seall Granaidh Dràgon,” thuirte Nesta.  
“Carson a tha i cho brònach?”





Sgèith Nesta agus Ned sìos  
a choimhead air Granaidh.



“Carson a tha sibh cho brònach?”  
thuirt Nesta.

“Ghoid an Dràgon Mòr Dona am poca  
guail agam,” arsa Granaidh.

“Nis chan eil gual agam airson ithe.”





“Lorgaidh sinne am poca guail,”  
arsa Ned.

Agus sgèith Nesta agus Ned  
suas dhan adhar.



Choimhead Nesta agus Ned airson an  
Dràgoin Mhòir Dhona.  
Chunnaic Nesta e anns a’ Choille Chiar.  
“Seall, siud e,” thuir i.





Sgèith Nesta agus Ned sìos dhan Choille Chiar.  
Bha am poca guail aig an Dràgon Mhòr Dhona.  
Bha e an sin, le craos mòr, ag ithe gual.



“Nì sinn fuaim mòr,” thuirt Nesta.  
“OOOO!” dh’èigh na dràgoin.  
“OOOOOOOO! OOOOOOO!”





Leum an Dragon Mòr Dona.  
“T-t-t-taibhsean!” dh’èigh e.  
“Cha, cha, cha, cha toil leam taibhsean!”  
Ruith agus ruith an Dràgon Mòr`Dona.



Ruith an Dràgon Mòr Dona a-steach dhan lòn.  
“Trohad Ned,” arsa Nesta.  
“Nis gheibh sinn am poca guail.”





Sgèith Nesta agus Ned air ais  
gu Granaidh leis a' ghual.

“Nis tha gual agaibh airson ithe,” thuirt Ned.  
Bha Granaidh cho toilichte.

Foillsichearan Foghlaim Heinemann  
Halley Court, Jordan Hill, Oxford OX2 8EJ

OXFORD MELBOURNE AUCKLAND  
JOHANNESBURG BLANTYRE GABORONE  
IBADAN PORTSMOUTH (NH) USA CHICAGO

© Wes Magee 1996

A' chiad fhoillseachadh 1996

04 03 02 01 00  
10 9 8 7 6 5

A' Ghàidhlig Anna NicDhòmhnaill

Am foillseachadh seo sa Ghàidhlig 2002 le Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig/Acair

© na Gàidhlig Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig às leth nan Ùghdaran a tha riochdaichte air MRG. Na còraichean uile glèidhte. Chan fhaodar pàirt sam bith dhen leabhar seo ath-riochdachadh an cruth sam bith no an dòigh sam bith gun chead ro-làimh bho Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig/Acair.

Data Catalogadh ann am Foillseachadh an Leabharlann Bhreatainn  
Gheibhear clàr-catalogaidh airson an leabhair seo bho Leabharlann Bhreatainn

Tha Wes Magee a' dleasadh còir mhoralta airson a bhith air a chomharrachadh mar ùghdar na h-obrach seo.

Clo-bhuailte le Scotprint, Haddington

LAGE/ISBN 0 86152 773 9